

**X229/13/01**

---

TEISTEANAS  
NÀISEANTA  
2012

DIHAOINE, 25 CÈITEAN  
1.00 PM – 4.00 PM

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2012

FRIDAY, 25 MAY  
1.00 PM – 4.00 PM

**GÀIDHLIG**  
**AN ÀRD ÌRE ADHARTACH**  
Roinn (i): Sgrìobhadh  
Roinn (ii): Sgrùdadh  
Roinn (iii): Litreachas  
Roinn (iv): Eadar-theangachadh

**GÀIDHLIG**  
**ADVANCED HIGHER**  
Part (i): Writing  
Part (ii): Practical Criticism  
Part (iii): Literature  
Part (iv): Translation

**Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.**

Tha ceithir roinnean anns a' Phàipear. Bu chòir feuchainn ri na ceithir roinnean a fhreagairt. Feumaidh tu leabhran freagairt às ùr airson gach roinn. Feuch gun dèan thu soilleir aig toiseach gach leabhrain gu dè an roinn a tha thu a' freagairt agus cuimhnich air ùine gu leòr fhàgail airson gach roinn a fhreagairt.



**[DUILLEAG FHALAMH]**

*Comharraidhean*

**Sgrìobh ann an Gàidhlig air AON de na cinn seo.**

1. Latha gun fòn-làimhe, gun coimpiutair, gun telebhisean. (50)
2. Urram. (50)
3. An Teaghach. (50)
4. Bhiodh an saoghal na b' fheàrr nan cumadh deugairean gun eòlas air an t-saoghal am beachdan aca fhèin. (50)
5. Tha luchd-poilitigs a' dèanamh mar a thogras iad. (50)
6. An Roghainn. (50)
7. Neach nach diochuimhnich mi gu bràth. (50)
8. Coibhneas. (50)

**[Tionndaidh an duilleag**

**Freagair DÀ Earrann—(1) Rosg agus (2) Bàrdachd****Earrann 1—Rosg****Leugh an earrann seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na cois.**

Tha an dòrtadh ola air cladaichean Chamus Mheagsago air sgrios uabhasach a dhèanamh air àrainneachd agus teachd-an-tìr ach tha e cuideachd air criothnachadh do-labhairt a thoirt air tèarainteachd të de phriomh chompanaidhean Bhreatainn, BP.

- 5 Tha inbhe, meud agus beairteas na buidhne seo a' fàgail gun robh daoine agus buidhnean a' tasgadh an airgid ann an roinnean BP fad bhliadhnaichean, le cinnt air buannachd mhath gach bliadhna. Bha BP cho sàbhailte ri banca! Nas sàbhailte gu dearbh nuair a choimheadas duine air na tha air a bhith tachairt dha na bancaichean bho chionn beagan bhliadhnaichean. Tha a' chosgais eagalach a tha a-nis a' tuiteam air a' chompanaidh a' ciallachadh gu bheil daoine air feadh an t-saoghail a' dol a chall.
- 10 Ach cha b' ann a dh'aon ghnothach a thug BP seo orra fhèin. Faodaidh gun robh an cuideam a bha air luchd-obrach gus adhartas a dhèanamh na mhàthair-adhbhar air gun deach riaghailtean sàbhailteachd a sheachnad, mar a thachair le luchd-obrach nam bancaichean gu ire. Feumar ionnsachadh bhon t-suidheachadh agus bu mhath nan tigeadh aonta eadar-nàiseanta air siostam gus dèiligeadh ri tubaiste an den t-seòrsa.
- 15 Ged a tha Ameireaga air mòran èigheach a dhèanamh mu chiontachd BP anns na thachair an Camus Mheagsago, 's dòcha gun robh sin air a bhith na b' phasa èisteachd ris nan robh iad air an aon seòrsa co-fhaireachdann a nochdadh a thaobh nan trì mile is ochd ceud a chaill am beatha ann an tubaist factaraidh na companaidh Ameireaganach, Union Carbide, anns na h-Ìnnseachan ann an 1984.
- 20 'S e spreadhadh a bha seo ann am factaraidh anns an robh stuthan puinnseanta. Tha clann fhathast gam breith le miù-chumadh air sgàth na tubaist sin agus a dh'aindeoin sin cha do chuir cùirt ach dà bhliadhna prìosain air an luchd-stiùiridh agus seo ann an 2010, sia bliadhna fichead an dèidh na tubaist!
- 25 Nach eil àm ann 'cùirt thubaistean eadar-nàiseanta' a stèidheachadh, mar Cùirt Eucoir Cogaidh na Hague, a dhèiligeadh gu cothromach agus gu sgiobalta ri rannsachadh agus peanasachadh thachartasan mar seo?

*Stèidhete air artaigil a sgrìobh Ailean Caimbeul ann an 'Tìm an Òbain' (Foghar 2010)*

**CEISTEAN**

1. Dè na dòighean anns an do rinn dòrtadh ola cron ann an Camus Mheagsago ann an 2010? 2
  2. Dè tha a' sealltainn gun robh earbsa aig daoine ann an "inbhe, meud agus beairteas" na companaidh, BP? 2
  3. Minich an ceangal a tha an sgrìobhadair a' dèanamh eadar dòighean-obrach BP agus dòighean-obrach nam bancaichean mus do thachair na "tubaistean" aca fhèin. 2
  4. A rèir an sgrìobhadair, dè shealladh gun robh daoine gu cinnteach air leasan ionnsachadh às na thachair? 2
  5. Carson a tha an sgrìobhadair a' togail "tubaist factaraidh Union Carbide anns na h-Ìnnseachan" aig an aon àm is a tha e a' bruidhinn air sgrios na h-ola ann an Camus Mheagsago? 2
  6. (a) Dè an dearbhadh a tha fhathast ann air sgrios tubaist factaraidh Union Carbide? 1  
(b) Dè a thachair dhan fheadhainn a bu choireach ris an tubaist sin? 1
  7. Dè a tha an sgrìobhadair a' moladh a chur air chois airson dèiligeadh ri suidhichidhean mar seo? 3
- (15)

**[Tionndaidh an duilleag**

## Roinn (ii): Sgrùdadadh

### Freagair DÀ Earrann—1 agus 2

#### Earrann 2—Bàrdachd

**Leugh an dàn seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na cois.**

#### Obair-Ghrèis

Sa chidsin san t-sàmhchair,  
le meur ghleust' tro shùil na snàthaid,  
snàthdannan dathte 's pòs anairt na làimh,  
Ceit ag ath-nuadhachadh samhraidh, a mheasan 's a bhlàthan;  
mus tig làrna-mhàireach bidh 'n tubhailt air dòigh.

Tha Seònaid bhiorach na suidhe,  
sùil gheur air an uinneig  
a' sgrùdadadh an rathaid son drongair no dhà;  
a' leantainn nan caileag aig a bheil dannsa nan aire,  
a' cunntais nan solas tha laiste gu dhà.

Aig ochd an ath mhadainn bidh Seònaid na cabhaig  
a' dèanamh air taighean, an obair-ghrèis aic' air dòigh:  
cha b' ann na tàmh i san dorchadas  
a-raoir no a' bhòn-raoir –  
bha a snàthad gu biorach a' gròbadh nam breug.

*Earrannan à Obair-Ghrèis le Catriona NicGumaraid*

\* Obair-ghrèis: Obair le snàthad agus snàithlein dhatte gus dealbh a dhèanamh air aodach.

**CEISTEAN**

1. Às dèidh a' bhàrdachd uile a leughadh, carson nad bheachd-sa a tha a' bhana-bhàrd a' dèanamh dealbh de bhoireannach a tha trang ach socair anns a' chiad earrainn? 2
  2. Gabh beachd air an dàrna h-earrainn agus innis dè seòrsa boireannach a tha ann an Seònайд. 2
  3. Beachdaich air cho èifeachdach is a tha na gnìomh-ainmearan, “**a' sgrùudadh**”, “**a' leantainn**” agus “**a' cunntais**” mar a tha iad air an cleachdadadh san dàrna earrainn. 4
  4. Dè tha thu a' smaoineachadh a tha a' bhana-bhàrd airson a thoirt gu ar n-aire nuair a tha i ag ràdh “**aig ochd an ath mhadainn**” agus “**a' dèanamh air taighean**” ann an earrann 3. 3
  5. Mìnich mar a tha “**obair-ghrèis**” air a chleachdadadh sa chiad agus an treas earrainn. 4
- (15)

[Tionndaidh an duilleag

*Comharraidhean*

Freagair **AON** de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

### **1. Sgeulachd ghoirid**

Tagh sgeulachd ghoirid a tha, nad bheachd-sa, cho soirbheachail agus cumhachdach is gu faodadh inbhe eadar-nàiseanta a bhith aice. Le bhith beachdachadh oirre gu mionaideach seall carson a bheireadh tu an inbhe seo dhi. (50)

### **2. Sgeulachd ghoirid**

Tha sgil sònraichte aig sgrìobhadairean sgeulachdan goirid a thaobh a bhith a' dùsgadh faireachdainnean anns an luchd-leughaidh. Tro bheachdachadh mionaideach air aon sgeulachd ghoirid, dèan soilleir dè na faireachdainnean a għluu i annad agus innis ciamar a chaidh aig an sgrìobhadair air a' bhuaidh seo a thoirt ort. (50)

### **3. Bàrdachd**

Ainmich pìos bàrdachd a tha nad bheachd-sa cumhachdach agus a chuidich thu gus barrachd tuigse fhaighinn air cuspair sònraichte. Le bhith beachdachadh gu mionaideach air, seall dè na h-innleachdan a chleachd am bàrd gus bàrdachd cho soirbheachail a chur ri chèile. (50)

### **4. Bàrdachd**

Tha cuid de phiosan bàrdachd nach tèid às ar cuimhne gu bràth. Ainmich pìos bàrdachd a tha cho sònraichte sin dhutsa agus, le sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air, seall ciamar a chaidh aig a' bhàrdachd air buaidh cho mòr a thoirt ort. (50)

### **5. Nobhail**

Tha cuid den bheachd nach eil an nobhail ag obrachadh ro mhath idir ann an Gàidhlig. Beachdaich air nobhailean Gàidhlig a tha thu air a leughadh agus seall a bheil no nach eil thu a' gabhail ris a' bheachd seo. (50)

### **6. Eachdraidh-beatha**

Tha leabhairchean eachdraidh-beatha a' toirt cothrom dha mòran leughadairean cuairt a ghabhail air ais tron eachdraidh fhèin agus eachdraidh nan daoine aca. Is e seo a tha a' toirt toileachas dhaibh. Le bhith beachdachadh air leabhar/leabhairchean eachdraidh-beatha a tha thu air a leughadh ann an Gàidhlig, dèan do bheachd air a' chuspair seo soilleir. (50)

**Eadar-theangaich an earrann a leanas.**

In this magazine we have provided the information you need to plan your journey. You can purchase your tickets online or from any of our port offices.

Travel with ease on our modern, comfortable ferries. Each ship is equipped with everything you need for your journey whether it is five hours or five minutes long.

On board, you can see for yourselves the range of services and facilities our ships have to offer. In addition, our staff will ensure that you are welcomed on board and that you get any assistance you require.

(20)

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR*]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**